Foirceadul Aithghearr,

CHEASNUIGHE,

An dus ar na ordughadh le *Coimhthional* na *Ndiaghaireadh* ag *Niarmhanisder* an *SASGAN*.

Leis an Daontuighe *Ard-seanadh Eagluis* na HALBANN, chum a bheith na chuid egin daonmhodh Chrabuigh edir Eaglaisibh CHRIOSD inaui RIOGHOCHDAIDH.

Ar na chur a *Ngaoidhilg*, la *Seanadh* EARRAGHAOIDHEAL.

Do chuireadh so a gclo anois an dara huair.

Ar na chur a gclo a *Nglasgo* le *Aindra Aindrson*, a Mbliadhnna ar DTIGHEARNA, 1659.

BRITISH MUSEUM

A LEGHTHORA.

MAr a rinn a ngrádh do beith aguin do phobul an Tighearna, ata a guathughadhna teanga gaoidhilg, sinn a bhrosnudhadh ar thús chum a Catachiosma aithghearr so do tharruing as a bhearla dhoibh; is amhluidh do bhrosnuigh an rúnn ceudna sinn anois, tuilleadh do na leabhraibh sin do bhualadh a gcle an dara hudir, le claochladh beg ar cuid do na focle ata san cheud Translasion. Oir ni amhain gu bfuil na leabhair anois ro ghann, achd mar a gceudna dhaithnigh sinn le guathughadh na nleabhar do bhith aguin, gu raibh an Translasion sin cruaidh ar an phobul, agus do-thuicse, do bhriogh go do lean sinn ro theann ris an bhearla; achd anois ataid na so-

thuicse gu môr le began claochlaidh Vime sin, a Leughthora Chriosduidh gabh misneach chum na leabhair so do thurig anois amach, do ghnathug hadh le dithcheall, ann a bfuil cinn árid a Chreidimh Chriosduidh ar à ngcur sios go haithghearra iomlan, oir, Is í so a bheatha shuthain, eólus do bhith aguinn ar Dia, is ar a mhac Iosa Criosd, *Eoin. 17. 3. Agus guidh thusa ar an Tighearna, so a bheannachadh mar mheadhon árid chum eoluis shoisgeil Chriosd a chraobhscaoiladh ann sna chriochaibh gaoidhlachsa. Grasa maille riot.*

Foirceadul

Foirceadul Aithghearr,

CHEASNUIGHE,

An dus ar na ordughadh le *Coimhthional* na *Ndiaghaireadh* ag *Niarmbanister*, a SASGAN.

Leis an Daontuighe *Ard-seanadh Eagluis* na HALBANN, chum a bheith na chuid egin daon mhodh Chrabuigh edir Eaglaisibh CHRIOSD sha tri RIOGHOCHDAIDH.

CEIST.

CReud is crioch arid don duine?

F. Is i is crioch arid don duine Dia do ghlorughadh agus do mhealtin gu suthaine.

2. C. *Creud an riaghail thug Dia dhuinne dar dteaguſg chum go fedmaoi eſin do ghlorughadh agus do mhealadh duin?*

F. Is é focal De (ata ar na chur fio a ſgriobtuiraibh an tſeintiomna ſgu an tiomna nuaidh) amhain is riaghai duinn dar dteaguſg chum go fedmaoi eſin do ghlorughadh agus do mhealain

3. C. *Creud ata na Sgriobtuiridh gu barid ag teagoſg?*

F. Ataid na Sgriobtuiridh gu hari ag teagoſg gach ni is coir don duin chreitſinn adtimcheall Dhe, agus a dleaſdanas ata Dia ag iarraidh ar a duine.

4. C. *Creud é Dia?*

F. Dia is Spiorad ata neamh-chrioch nuighach, biothbhuain, neamh-chlaoc lodhach, ro-ghlic, ro-chumhachdach ro-naomh, ro-cheart, ro-mhaith, agu ro-fhior!

5. C. *A bfuilid tuille Dée ann ach a haon?*

F. Ni bfuil achd a haon, an Dia be fior. 6. C, *Ci*

6. C. *Cia lion pearsa ata san diaghachd?*

F. Ataid tri pearsa san diaghachd, an tathair, an mac, agus an Spiorad naomh, agus an triarsa is aon Dia iad, ionan a nadur, coimhmeas a gcumhachd agus an gloir.

7. C. *Creud iad orduigha De?*

F. Is iad orduighe De a runn siorruidhe, da reir comhairle a thoile, leis an dorduigh se roimh laimh, chum a ghloire fein, gach ni thig gu crich.

8. C. *Cionnas ata Dia ag cur a orduigheadh a ngniomh?*

F. Ata Dia ag cur a orduigheadh a ngniomh a noibrighaibh an chruthaigh agus an fhreasdail.

9. C. *Creud is obair an chruthaigh ann?*

F. Is i obair an chruthaigh Dia do dheanamh na huile neithe do neimhni, le focal a chumhachda, a bhfheadh se laithe agus iad uile ro mhaith.

10. C. *Cionnas do chruthaigh Dia an duine?*

. Do chruthaigh Dia an duine-fear agus bean da reir a iomhaighe fein, a neolas, fireuntachd, naomhthachd, le uachdranachd oscionn na gcretuireadh.

11. C. *Creud iad oibrighe freasdail De?*

F. Is iad oibrighe freasdail De, gu bfuil se ag coimhed, agus ag riaghladh na nuile chretuireadh, le a nuile ghniomharthaibh gu ro-naomh, roghlic agus gu ro-chumhachdach.

12. C. *Creud an gniomh arid freasdail do rinn Dia do thaobh an duine san staid an do chruthuighadh é?*

F. An tan do chruthigh Dia an duine, do rinn se coimhcheangal beatha ris, ag iarraidh umhlachd iomlan air mar chumhnant: agus ag toirmiosg dho ni ar bioth ithe do chraoibh eolais maith agus uilc faoi phein a bhais.

13. C. *An dfanid ar gceudshinnsir ann san cheud staid ann do chruthuighadh iad?*

F. Arbheith dar ceud shinnsearaibh ar a mbfagbhail gu saoirse a ndtoile fein, do thuiteadar on staid ann do chruthighadh

thighadh iad le peacadh anadhaigh Dhe.

14. C. *Creud é peacadh?*

F. Is e peacadh briſeadh lagha De.

15. C. *Cia é an peacadh leis ar thuiteadar ar ceudſhinnſir on ſtaid an do chruthuighadh iad?*

F. Do bé an peacadh leis an do thuit ar ceudſhinnſir on ſtaid ann do chruthuighadh iad, gu dith ſiad an meas toirmiſgthe.

16. C. *An do thuit an cinneadh daonna uile a gceudpheacadh Adhamh?*

F. O do bhith an coimheangal ar na dheanamh re Adhamh, ni amhain ar a ſhon ſein achd arſon a ſhliochd; uime ſin, an cinneadh daonna uile do thánig a nuas uaidh, tre ginnoſachadh gnathaighthe, do pheacaidh iadannſan agus do thuit ſiad mail'e ris ann ſa cheud ſheachran.

17. C. *Creud an ſtaid ann dtug an leagadh úd an cinneadh daonna?*

F. Do thug an leagadh úd an cinneadh daonna a ſtaid peacaidh agus truaighe.

18. C. *Creud é peacadh na ſtaide ſin ann do thuit an duine?*

F. Trid an leagadh ud, ata an duine faoi chionta ceudpheacaidh Adhamh; faoi eaſbuidh na ceudthirentachd, faoi thruailleadh a náduir gu hiomlan (dangoirthear peacadh gein) agus fa gach uile pheacadh gniomha ata geintin maidh ſin.

19. C. *Creud é truaighe na ſtaide ſin ann do thuit an duine?*

F. Trid an leagadh ud, do chaill an cinneadh daonna uile a gcomhchomann re Dia; ataid faoi a fheirg agus mhallachadh Dhe, agus mar ſin ataid fa gach uile thruaighe ſan bheathuidhſe, fan bhás fein, agus fa phianaibh ifrinn gu ſiorruighe.

20. C. *An dfág Dia an cinneadh daonna uile da mbeith cailte a ſtaid a pheacaidh agus na truaighe?*

F. Ar dtagha do Dhia da ghean maith fein, roimh thoſach an tſaoghail, cuid egin do na daoinaibh chum na beatha ſuthaine, dorinn ſe coimhcheangal graſa

riu;

riu; dan ſaoradh O ſtaid an pheacaidh agus na truaighe, agus da ntabhairt gu ſtaid ſlannighe trid fhearſaoiridh.

21. C. *Cia is fearſaoruidh do phobul tagha De?*

F. Is e is en fhearſaoruidh do phobul tagha De, an Tighearna Iosa Crioſd amhain, neoch ar bheith dho na mhac ſiorruighe do Dhia, do rinneadh e na dhuine, agus mar ſin ata ſe ag fantain na Dhia, agus na dhuine, ann do nadur edirghealighte, agus a naon phearſoin a feaſda.

22. C. *Ar bheith do Chriosd na mhac do Dhia, Cionnas do rinneadh ſe na dhuine?*

F. Do rinnadh Crioſd mac Dhe na dhuine, le corp fior agus anam reſunta do ghabhail chuige fein ar bheith dho le cumhachd an Spioraid naoimh ar na ghabhail a mbroinn muire na hoighe, agus ar a bhreith le, gidheadh a bſegmhais peacaidh.

23. C. *Cia iad na hoifigeadha ata Crioſd ag cur angniomh mar ar fearſaoruidhne?*

F Ata,

F. Ata Crioſd mar ar fearſaoruidhne ag cur angniomh Oiffigeadha Faigh, Sagairt, agus Riogh, a raon a ſtaid an Iriſluigh agus an Arduighe.

24. C. *Cionnas ata Crioſd ag cur Oiffig Faigh a ngniomh?*

F. Ata Crioſd ag cur Oifig Faigh a ngniomh, an toil De chum ar ſlanuighe dhfoillſiughadh dhuinn, le na ſhocal agus le na Spiorad.

25. C. *Cionnas ata Crioſd ag cur Oifig Sagairt a ngniomh?*

F. Ata Crioſd ag cur Oifig Sagairt a ngniomh, an é fein do thabhairt ſuas aon uair na iobairt dodhioladh ceartuis De; agus do dheanamh ar reitigh re Dia; agus an gnatheadarghuidhe do dhenamh ar arſoinne.

26. C. *Cionnas ata Crioſd ag cur Oifig Riogh a ngniomh?*

F. Ata Crioſd ag cur Oifig Riogh a ngniomh, le ſinn do cheannſughadh dho fein, do riaghladh agus do ſheaſamh agus le coſg do chur ar na huilibh is naimhde dhoſan agus duinne.

27. C. *Cia*

27. C. *Cia iad na neithe ina raibh Crioſd ar na iriſliughadh?*

F. Do bhi Crioſd ar na iriſliughadh, ina bheith ar a bhreith, agus ſin a ſtaid iſail, ar na dheanamh faoi an lagh, ag dol fa gach truaighe na beathadhſa, fa fheirg Dhe, agus fa bhas mhalluighte na croiche, ina bheith ar na adhlacadh, agus ag fuireach faoi chumchachda a bhais re ſeal.

28. C. *Cia iad na neithe ina raibh Crioſd ar na ardughadh?*

F. Do bhi Crioſd ar na ardughadh, ina eiſerigh o na marbhuibh ar an treas lá, ina dhul ſuas ar neamh, ina ſhuidhe ar deaſlaimh Dhe a nathar, agus ina theachd do thabhairt breitheamhnuis ar an tſhaoghal ann ſan la dheigheannach.

29. C. *Cionnas atamoid ar air ndeanamh inar luchd comhpart don tſaoirſe do choſain Crioſd?*

F. Atamoid ar air ndeanamh inar luchd-comhpart don tſaoirſe do choſain Crioſd, leis an tſaoirſe ſin a chur ruinn gu heifeachdach le na Spiorad naomh-thaſan.

30. C. *Cionnas ata an Spiorad ag cur ruinn na saoirse sin do chosain Crioſd?*

F. Ata an Spiorad ag cur ruinn na saoirse fin do chosain Crioſd, an creideamh dhoibringhadh ionnain leis an bfuil se ag ar comhcheangal re Crioſd inar gairm eifeachdigh.

31. C. *Crend is gairm eifeachdach ann?*

F. Is gairm eifeachdach ann, obair Spiorad De, leis an bfuil se ag ar bhfhagbhail ris ionnain fein a bpeacadh agus truaighe, ag soilsiughadh ar ninntinnead ha a neolus Chrioſd, ag athnuadhughadh ar dtoile, agus ar a lorg sin ag ar ndeanamh deonach agus comasach ar Iosa Crioſd a dhlu-ghabhail chugin, mar ata se ar na thairgse dhuinn go saor is an tsoisgel.

32. C. *Cia iad na sochair ata an drong ata ar a ngairm gu heifeachdach ag faghail san bheathnidhse?*

F. Is iad na sochair ata an drong sin ag faghail, Firenochadh, Ochdmhacachd, Naomhachadh; agus gach uile

sochair.

ſochair ata ag ſruthughadh uatha ran bheathuidhſe.

33. C. *Creud is Firenochadh ann?*

F. Is é Firenochadh gniomh ſaor ghraſa De, leis an bfuil ſe ag maitheamh dhuinn ar nuile pheacuidh, agus ag gabhail ruinn mar fhirenaibh ina fhiaghnaiſe fein, agus ſin amhain ar ſon firentachd Chrioſd ar na meas duinn, agus ar a ghabhail chugainn le creidamh amhain.

34. C. *Creud is ochdmhacachd ann?*

F. Is i an ochdmhacachd, gniomh ſaorghraſa De, leis an bfuilmaoid ar ar ngabhail a ndireamh chloinne De, agus leis an bfuil coir aguinn ar gach nile ſhocharaibh agus uram bheanus doibh.

35. C *Creud is naomhachadh ann?*

F. An naomhachadh is obair ſaorghraſa De é, leis an bfuil ſinn ar air nathnuadhughadh ſan duine gu hiomlan da reir fioghrach Dhe, agus ar ar deanamh comaſach ni is mo agus ni is mo chum baſughadh dopheacadh, as chum bheith beo don fhirentachd.

36. C. *Creud iad na ſochair ata ann ſa bheathuidhſe ag ſruthughadh ſ nſhirenochadh, on echdmhacachd, agu on naomhachadh?*

F. Is iad na ſochair ata ag ſruthughadh uathaſin, dearbh-bheachd ar gradh Dhe, ſiothchaint coguis, aoibhneas ſan Spiorad naomh, fas a ngraſa, agus buan. mhaithreachdin ann gu teachd na criche deighannuidhe.

37. C. *Creud iad na ſochair ata na creidmhigh ag faghail o Chrioſd, re ham a mbais?*

F. Ataid anmanna na gcreidmheach re bam a mbais ar a ndenamh foirfe ann naomhachd, agus ar an mball ataid ag dul chum gloir; agus ar mbeith da ngcorpuibh ſior-cheangaillte le Crioſd, do nid comhnuidh ina nuaigheannuibh gu nuig an eiſeirigh.

38. C. *Creud iad an ſochair ata na creidmhigh ag faghail o Chrioſd ſan eiſeirighe?*

F. Ann ſan eiſeirighe, ar bheith do na creidmheachaibh ar a ndufgadh as a nuaigh

nuaigh a ngloir, bíthid siad ar a naithniughadh gu follas, agus ar a nlán-sa oradh a là an bhreitheamhnais, agus ar a ndenamh uille-bheannuight ann Dia a lán-mhealtín gu siorruighe.

39. C. *Creud é an dleasdanas ata Dia ag iarruidh ar a nduine?*

F. Is é an dleasdanas ata Dia ag iarruidh ar a nduine, umhlachd da thoile ata ar na foilsinghadh.

40. C. *Creud an riaghuil umhlachda thug Dia don duine ar thosach?*

F. Do bí an riaghuil umhlachda thug Dia don duine ar thosich, lagh ni modhannidh.

41. C. *Cia é an táite ina bfuil an laghsa na modhannidh ar an chur sios gu haithghearra iomlan?*

F. Ata an laghsa na modhannidh ar na chur sios gu haithghearra iomlan, sna deich Aitheantaibh.

42. C. *Creud is suim do na deich Aitheantaibh?*

F. Is í is suim do na deich Aitheantaibh, an Tighearna ar Dia do ghradhughadh

nghadh le ar nuile chroidhe, le ar nuile anam, le ar nuile neart, le ar nuile inntinn, agus ar gcomharsan do ghradhughadh mar sinn fein.

43. C. *Creud is Roimhraite do na deich Aitheantaibh?*

F. Ata roimhraite na ndeich Aitheanta ar na chur sios is na briathraibhse [*Is mise an Tighearna do Dhia neochtug thusa a talamh na Heibhghipte, a teaghuis na daoirse?*]

44. C. *Creud ata roimhraite na ndeich Aitheanta ag teagosg dhuinn?*

F. Ata roimhraite na ndeich Aitheanta ag teagosg dhuinn, do bhriogh gur é Dia is Tighearna ann, agus gur é is Dia agus is fearsaoruigh dhuinn, uime sin gu bfuil a Dhfhiachaibh oruinn a uile aitheantasan do choimheud.

45. C. *Cia'n cheud Aithne?*

F. [*Na biodh Dée eile agad am fhiaghnaise.*]

46. C. *Creud ata ar na iarruidh san cheud aithne?*

F. Ata an cheud aithne ag iarruidh oruinn,

oruinn, aithniughadh agus admhail gurb e Dia amhain an fior Dhia, agus gurb e ar Diain e, agus sinn adhradh agus gloir do thabhairt do da reir sin.

47. C. *Creud ata ar na thoirmiosg san cheud Aithne?*

F. Ata an cheud Aithne ag toirmiosg an Dia fior do shénadh, no an tadhradh agus an ghloir dhligheabar dhosan do ligionn thoruinn, no a tabhairt daon neach eile.

48. C. *Creud ata ar na theaguisg dhuinn gu sunnradhach sna briathruibhse san cheud Aithne* [am fhiaghnuise?]

F. Ata na briathrase san cheud Aithne, [*am fhiaghnuise*] ag teaguisg dhuinn, gu bhuil Dia do chi na huile neithe ag tabhairt aire don pheacadhsa, eadhon Dia ar bith oile do bheith aguinn, agus gu bfuil se ro dhiomghach dhe.

49. C. *Creud san dara Haithne?*

F. Is i an dara Haithne, [*Na dean duit fein iomhaigh ghraifne no an thioghair neithe ata shuas ar neamh, no*

no ar talmhuin a bhos, no ſa nuiſge faoi thalmhuin, na geilſe dhoibh, agas na den ſeirbhis doibh: oir miſe an Tighearna do Dhia as Dia eadhur me, leanas aingidheachd na naithreach air an gclainn, go nuige an treas no an ceathramh ſém no glun ghinealuigh ar an droing fhuathuigheas me, agas a fhoillſidheas trocaire do na miltibh don droing ghradhnigheas me, agas choimhedus Maitheanta.]

50. C. *Creud iarthar ſan dara Haithne?*

F. Ata an dara Haithne ag iarruidh gach uile ghne adhruidh agus orduighe dhiaghra diarr Dia ina fhocal do ghabhail chuguinn, do chonmhail, agus do choimhed gu glan iomlan.

51. C. *Creud ata an dara Haithne ga thoirmeaſg?*

F. Ata an dara Haithne ag toirmeaſg, adhradh do Dhia trid iomhaigh, no ar modh ar bith oile, nach bfuil orduighte ina fhocal fein.

52. C. *Creud iad na reſuin ata ceangailte ris an dara Haithne?*

F. Is

F. Is iad na reſuin ata ceanguilte ris an dara Haithne, ard-uachdranachd Dé os ar gcionn, an tſealbh-choir ata ag ionnuinn, an gradh laiſte agus eud ata aige da adhradh fein.

53. C. *Cia ſ an treas Aithne?*

F. Is ſ an treas Aithne, [*Na tabhair ainm an Tighearna do Dhia an diombaoineas, oir ge be bherus a ainm a ndiombaoineas; ni budh neimhciontach a bſiaghnuiſi an Tighearna é, no, ni am meaſe an Tighearna neimhchiontach é.*]

54. C. *Creud iarthar ſan treas Aithne?*

F. Ata an treas Aithne ag iarruidh, gnathughadh naomh urramach do dhenamh ar ainmnaibh, tiodolaibh, ordughaibh, briathraibh, agus oibrighaibh Dhe.

55. C. *Creud ata ar na theirmeaſg ſan treas Aithne?*

F. Ata an treas Aithne ag toirmeaſg minaombachadh no mighnathughadh ar bioth do dhenamh ar en ni leis an bfuil Dia aga ſhoillſiughadh fein.

C. *Cia*

56. C. *Cia é an reſun ata ar na cheangal ris an treas Aithne?*

F. Is é an reſun ata ar na cheangal ris an treas Aithne, ge gu bfedſuid luchd briſeadh na Haithneaſa dhul ſaor ó dhioghaltas do thaobh dhaoineadh, gidhbeadh ni fhuilngionn an Tighearna ar Diaine dhoibh dhul as o cheart-bhreathamhnas fein.

57. C. *Cia i an ceathramhadh Aithne?*

F. Is i an ceathramhadh Aithne, [*Coimhnigh la na Saboide a chonbhail no a choimhed naomhtha: a ſé laithibh den bobair agus huile ſhaothair, achd is é an ſeachdmhadh la Saboid an Tighearna do Dhia, na den en obair ſan loſin, tu fein, no do mhac, no hinghen, boglach, no do bhanoglach, no hainmhidhe, no en duine coimheach ata den taobh a ſtoigh dod dhoirſibh: oir a ſe laithibh do rinne an Tighearna, neamh agus talamh, an fhairge, agus gach ni ata ionta, agus do ghabh ſe comhnuidh an ſeachdmhadh la, uime ſin do bheannuigh an Tighearna an T(abeid, agus do naomh ſe é.*]

58. C. *Crena*

58. C. *Creud iarthar ſan ceathramhadh Aithne?*

F. Ata an ceathramhadh Aithne ag iarruidh coimhed naomh do dhenamh do Dhia ar na trathaibh ſuighighte do dhorduigh ſe fein ina fhocal, gu ſunnradhach aon la iomlan do na ſeachd laithibh, chum a bheith na ſhaboid naomhtha dho fein.

59. C. *Cia an la do na ſeachd laithibh a dorduigh Dia bheith na Shaboid gach ſeachdmhuin?*

F. O thoſach an tſaoghail a nuas gu nuig eiſeirigh Chriosd dorduigh Dia an ſeachdmhadh la do bheith na Shaboid gach ſeachdmhuin; agas a riamh o ſin a leth, an ceud la don tſeachdmhuin dhſhantain agus do ghnathughadh gu deireadh an domhain chum a bheith na Shaboid do na Chriosdaighaibh.

60. C. *Cionnas is coir an Tſaboid do naomhughadh?*

F. Is coir an Tſaboid do naomhughadh le tamh naomh do ghabhail re ſad an la ſin gu hiomlan, agus ſin fos o

idhaibh ſaoghlata, o aigher agu
ngarraibh ata ceaduighte ar laithaibh
rile; agus an uile aimſir ſin do bhuiliugh
adh re oibridhibh crabhuidh gu diomb
uir agus gu follus, le a muigh don mhea
is ata iomchubhuigh re na chaitheamh
re hoibrighuibh an egandais agus n
trocaire.

61. C. *Creud ata ar na theirmeaſ
ſan cheathramhadh Aithne?*

F. Ata an ceathramhadh Aithne a
toirmeaſg minaomhachadh naSaboid
diomhaoineas, agas neamhchuram an
oibridhibh an la ſin, no fos le ſmuain
tighuibh, briathraibh, no gniombaraib
neamhfheumamhuil a dtimchioll ghn
idheadh ſaoghalta, no re aigher ag
ſograidh.

62. C. *Cia iad na Réſuin ata cian
ailte ris an ceathramhadh Aithne?*

F. Is iad ſo na Reſuin ata ceangilte
an ceathramhadh Aithne, Dia do bhei
ag ceadughadh dhuinn, le laithead
don tſeachdmhuin dar gnoidhaibh fei
agus ag agra cora arighthe dho fein
lean tſeachdmhadh la, agus an eiſiompl

do thug se fein naidhe, agus go do bhe annuigh se la na Saboid.

63. C. *Cia í an cuigeamh Aithne?*

F. Is í an cuigeamh Aithne, [*Tabhair onoir dod tathair, agas dod mhathair: chum go sinfidhe do laithe air a nshearonn do bheir an Tighearna do Dhia dhuit.*]

64. C. *Creud iarthar san chuigeamh Aithne?*

F. Ata an cuigeamh Aithne ag iarruidh, an onoir do choimhed, agus an dleasdanas do choimhlionadh, ataa dhfiachaibh do thabhairt dogach en neach alorg a ninmhe agus an diamhaibh dha cheile faleth, mar ataid a nairde, no isle, no coimhmeas inmhe.

65. C. *Creud ata ar na thoirmeasg san chuigeamh Aithne?*

F. Ata an cuigeamh aithne ag toirmeasg ni ar bith do dhenamh ata a naghaidh na honora agus an dleasdanais bheanus da gach en neach a lorg a ninmhe agus a ndaimhe faleth dha cheile.

66. C. *Creud é an Resun ata ceangailte ris an chuigeamh Aithne?*

F. Is e an Reſun ata ceanguilte ri an cuigeamh Aithne, gealladh ar ſonn agus faoghal fada d'uile ſuchd coimheid na haithneſa, doreir marthig ſin le gloir Dhe agus a mhith fein.

67. C. *Cia i an ſeiſmhadh Aithne?*

F. Is i an ſeiſmhadh Aithne, [*Na dean marbhadh.*]

68. C. *Creud iarthar ſan tſeiſmhadh Aithne?*

F. Ata an tſeiſmhadh Aithne ag iarruidh gach uile dhithchioll dligheadh do dhenamh chum ar nanma fein agus anma dhaoine eile do choimhed.

69. C. *Creud ata ar na thoirmeaſg ſan tſeiſmhadh Aithne?*

F. Ata an tſeiſmhadh Aithne ag toirmeaſg ar nanma do bhuain aſuin fein, no as ar gcomharſan guhegcorach: agus gach uile nith achuidughas ſin do dhenamh.

70. C. *Cia i an ſeachdmhadh Aithne?*

F. Is i an ſeachdmhadh Aithne, [*Na dean adhaltranus.*]

71. C. *Creud iarthar ſan tſeachdmhadh Aithne?*

F. Ata

F. Ata an ſeachdmhadh Aithne ag iarruidh coimhed do bheith aguinn ar air ngeanmnuigheachd fein, agus geanmnuigheachd ar gcomharſoin inar gcroidhe, inar gcainte agus inar mbeſubhſ.

72. C. *Creud ata an ſeachdmhadh Aithne ga thoirmeaſg?*

F. Ata an ſeachdmhadh Aithne ag toirmeaſg gach uile ſmuaintiughadh, briathar, agus gniomhneamh-gheanmuigh.

73. C. *Cia'i an tochdmhadh Aithne?*

F. Is i an tochdmhadh Aithne, [*Na dean goid.*]

74. C. *Creud iarthar ſan ochdmhadh Aithne?*

F. Ata an tochdmhadh Aithne ag iarruidh gach cuidiughadh laghamhail do dhenamh, do chum ar ſaidhbhrios ſaoghalta fein agus ſaidhbhrios dhaoine eile, do chur ar aghuidh.

75. C. *Creud ata ar an thoirmeaſg ſan ochdmhadh Aithne?*

F. Ata an tochdmhadh Aithne ag toirmeaſg gach neith ar bioth bhacasar

faidhbhrios saoghalta fein, no faidbhrios ar gcomharson gu hegcorach.

76. C. *Cia i an naoiamh Aithne?*

F. Is i an naoiamh Aithne, [*Na dean fiaghnuise bhreige an adhuidh do chomharsoin.*]

77. C. *Creud iarthar san naoiamh Aithne?*

F. Ata an naoiamh Aithne ag iarruidh an fhirinn edar duin is duine; agus ar deaghainm fein, agus deaghainm ar coimharsan do sheasamh, agus sin gu sunradhach an fiaghnuis do dhenamh.

78. C. *Creud ata ar na theirmeasg san naoiamh Aithne?*

F. Ata an naoiamh Aithne ag toirmeasg gach neithe ata ag cur lethtrom ar an firinn, no ni egcoir ar ar deaghainm fein, no ar deaghainm ar gcomharsan.

79. C. *Cia i an deicheamh Aithne?*

F. Is i an deicheamh Aithne. [*Na smuain duit fein ann no teach do chomharsain, na smuain duit fein bean do chomharsain, no a oglach, no a bhan-*

oglach,

oglach, no a dhamh, no a asal, no en nich oile bheanus dod comharsan]

80. C. *Creud iarthar san deicheamh Aithne?*

F. Ata an deicheamh Aithne ag iarruidh oruinn, bheith lan-toilighte le ar staid fein, maille re fonn ceart agus inntinn sheircambuil do bheith ionnuinn dar gcomharsan agus da gach uile ni bheanas do.

81. C. *Creud ata ar na thoirmeasg san deicheamh Aithne?*

F. Ata an deicheamh Aithne agtoirmiosg gach talach ar air sdaid fein, gach doilgheas agus formad re maith ar gcomharsoin, gach togra agus miann anchnest, chum en ni da mbi aige.

82. *An bfuil neach ar bioth comasach ar Aitheanta De do choimhed gu foirse?*

F. Ni hedir le hein neach nach bfuil achdna dhuine amhain, ó cheud thuitim ar sinn sear aitheanta De do choimhed gu foirse san bheathuidhse, achd ataid siad

gach la gambriſeadh a ſmuaintioghadh, a bfocal, agus a ngniomh.

83. C. *An bfuil gach uile bhriſeadh an lagha coimhmeas an uathmhuireachd?*

F. Ata cuid do pheacaibh iomta ſein, agus do bhrith moran doneithibh ata ga rantromughadh ni is fuathmhuire na cheile a bhighnuiſe De.

84. C. *Creud ata gach aon pheacadh ag toillſinn?*

F. Ata gach aon pheacadh ag toillſinn feirge, agus mollachda De araon ſan bheathuighe, agus ſan bheathuidh ata chum teachd.

85. C. *Creud ata Dia ag iarruidh orruinn chum go bfeamaoid tearnadh ó na fhreige agus ó na mhallachadhſan a thoill ſinn thaobh ar bpeacaidh?*

F. Cum tearnadh o fhreige agus o mhollachadh De a thoill ſinn ar ſon ar bpeacaidh, ata Dia ag iarruidh orruinn Creidmhin Joſa Criold, aithrighe chum na beatha, mailie re guathughadh di-

cheallach

cheallach do dhenamh ar na me[illegible] naibh ata le a muigh, leis an [illegible] Criosd ag compartughadh rinn sochair na saoirse.

86. C. *Creud is Creideamh an Josa Criosd ann?*

F. Creideamh an Josa Criosd is gras slaintamhail e, leis an bfuil sinn ga ghabhailsan, agus ag ar socrughadh fein airsan na aonar chum slainte, mar ata se ar nathairgse dhuinn san choisgeal.

87. C. *Creud is aithrighe chum na beatha ann?*

F. Aithrigh chum na beatha is gras slaintamhail i, leis an bfuil an peacach (ar mothughadh dho gu ceart da pheacadh fein, agus do throcair Dhia ann a Ncriosd) le doilgheas agus le suath a pheacidh ag iompodh naidh gu Dia, se lan runn agus gna thairgse nuadhumhlachd do thabhairt do.

88. C. *Creud iad na meadhoin on le amuigh leis an bfuil Criosd ag compartughadh rinn sochair na saoirse?*

F. Is iad na meadhoin sin, otduighe

C[illegible] gu harid an focal, Sacramuin-[illegible]dha agus Urnuighe: ata gu huilidhe [illegible] ra ndenamh eifeachdach chum slainte, do na daoinaibh taghte.

89. C. *Cionnas ata an focal ar na dheanamh eifeachdach chum slainte?*

F. Ata Spiorad De ag denamh leighthoireachd an fhocail achd gu harid a shearmonughadh; na mheadhon eifeachdach chum peacacha fhagbhail ris, agus da niompodh, agus da ntogbhail suas ann naomhachd, agus a gcomhthurtachd trid creideamh chum slainte.

90. C. *Cionnas is coir an focal do leighadh agus do eifeachd chum gu mbiodh se eifeachdach chum slanuighe?*

F. Cum gu deanta an focal eifeachdach chum slanuighthe, is feidhmamhail duinn aire do thabhairt do le ulmhughadh, le urnuighe, agus le diothchioll; a ghabhail chuguinn le creideamh agus gradh, a chur an taisge inar gcroidheadhaibh, agus a chur a ngniomh inar mbeathuidh.

91. C. *Cionnas ata na Sacramuint-*

eadha

eadha ar na ndenamh na meadh eifeachdach chum ſlanuighthe?

F. Ataid ſiad ar na ndenamh eifeachdach chum ſlainte, ni hann o bhrigh ar bioth ata ionnta fein, no ſan ti do ni a mfritheoladh, achd trid bheannughadh Chrioſd amhain, agus oibriughadh a Spioradſan ſan droing ghabhas chuca iad le creideamh.

92. C. *Creud is Sacramuint ann?*

F. An Tſacramuint is ordughadh le Crioſd, í ina bfuil Crioſd agus ſochair chumh nanta na ngras, ar an taiſbenadh, agus ar an ſelughadh, agus ar na ngcurris na gcreidmhachaibh le comhar thaibh corpordha ſo-fhaicſin.

93. C. *Cia iad Sacramuinteadha an Tiomna Nuaidhe?*

F. Is iad Sacramuinteadh a an Tiomna Nuaidhe, Baiſteadh, agus Suipeir an Tighearna.

94. C. *Creud is Baiſteadh ann?*

F. An Baiſteadh is Sacramuint é, an a bfuil ionlad le huiſge, a nainm an athar, a mbic, agus an Spioraid naoimh;

ag

ag ciallughadh agus ag ſelughadh gu bfuil ſin ar air ſuighughadh anna Ncrioſd, agus inar luchd comhpart do ſhochairaibh chumhnanta na ngras, agus ag ſelughadh fos ar mboid gur leis an Tighearna ſin.

95. C. *Cia da ngcoir a Mbeaſteadh do fhritheoladh?*

F. Nior choir an Baiſteadh do fhritheoladh dein neach ata an taobh amuigh don eagluis fhaicſionnigh, no gu naidmhcochaid a ngcreideamh a Gcrioſg, agus an umh lachd dho, achd is coir naoidheanna na droinge, ata ina mbuill don eagluis fhaicſionnigh, do bhaiſdeadh.

96. C. *Creuà i ſuipeir an Tighearna?*

F. Suipeir an Tighearna is Sacramuint ſ ann bfuil bas Chrioſd ar na ſhoillſiughadh, le aran agus ſion do thabhairt agus do ghabhail da reit a orduighe fein agus an drong a ghabhas chucagu [illegible]ibh iad, ataid ſiad (ni ar mbodh [illegible], achd) trid chreideamh ar a [illegible]namh na nluchd comhpartach da

chorp

chorp agus da fuilan, le uile ſhocraibh chum an altram agus a mfas a ngras.

97. C. *Creud is feidhmamhail do nàruing ſin a dhenamh, leis a mbaill Shuipeir an Tighearna do ghabhail gu hiomchaibh?*

F. Is feidhmamhail doibh iad fein a cheaſnughadh ina neolas chum aithne do dhenamh ar chorp an Tighearna, ma ngcreidamh chum beatha a nanama do tharruing as, ina naithreachas, na ngradh, agus na nuadh-umhlachd: dealga, ar dteachd doibh guneamh-iomchubhaidh gu nithfuid agus gu nolfuid breithamhnas doibh fein.

98. C. *Creud is urnuidhe ann?*

F. Is í is urnuighe ann, tabhairt ſuas ar nathchoinne do Dhia, ag iatraidh neitheanna da reir a thoile a nainm Chriosd; ag admhail ar bpeacaidh, agus ag tabhairt buidheachas do arlon a thoilaicaibh.

99. C. *Creud an riaghailt thug Dia dhuinn dar Jeoladh an urnuigh do dhenamh?*

F. An

F. Ata focal De gu huilidhe gar ſeoladh ann urnigh do dhenamh, achd is i an ria hail ſhunnradhach ſheolas ſinn, an fhoirm urnighe ſin do theagaiſg Crioſd da dheiſgioblaibh da ngoirthar, urnighe an Tighearna.

100. C. *Creud ata romhraite urnuighe an Tighearna ag teagaſg dhuinn?*

F Ata Romhraite urnuighe an Tighearna [iodhon, *Ar nathairne ata ar neamh*] ag teagaſg dhuinn teachd a bfogas do Dhia le gach uile urram naomh, agus muinghinn, mar chloinn chumanathar ata comaſach agus ullamh darcuidiughadh; agus gur coir guidhe dhenamh maille re daoinaibh oile, agus ar an ſon.

101. C. *Creud ata ſinn ag guidhe ſan cheud iartas?*

F. San chend iartas [iodhon, *Gu ma beannaighthe hainmſe*] ata ſinn ag guidhe gu ma toil le Dia ſinn agus daoine oile do dhenamh comaſach ar é ſein do ghlorughadh anns gach en ni leis an bfuil ſe ag a fhoilſiughadh fein dhuinn,

dhuinn, agus gu ma toil leis gach ni do shuighiughadh agus ordughadh chum a ghloire fein.

102. C. *Creud ata sinn ag aghmidhe san dara iartas ?*

F. San dara iartas [iodhon, *Gu dtigeadh do rioghachdsa*] ata sin ag guidhe Dherioghachd an aibhirseoir do sgrios, agus rioghachd a ghrasa do mheudughadh, sinn fein agus daoine eile do tharruing da thionnsaidh, agus do choimhed innte, agus rioghachd a ghloir do luathughadh.

103. C. *Creud ata sinn ag a ghuidhe san treas iartas ?*

F. San treas iartas [iodhon, *Dentar do thoilsi ar dtalmhuin mar do nithar ar neamh,*] atamuid ag guidhe Dhe, sinne do dhenamh comasach agus deonach lena ghras, chum eolas a ghabhail ar a thoil fein, do bheith freagrach agus umhal dí ans gach én ni, amhuil mar ataid na baingil ar neamh.

104. C. *Creud ata sinn ag guidhe san cheathramh iartas ?*

F. San

F. San cheathramh iartas [iodhon, *Tabhair dhuinn a niugh ar naran laitheamhail,*] ata ſinn ag iarruidh gu bfhuighmaoid do ſhaorthoirbheartas De rann chuimiſeach do neithaibh maithe na beathaſa, agus gu mealmoid a bheannughadh ſein maille riu.

105. *C. Creud ata ſinn ag guidhe ſan chuigeamh iartas?*

F. San chuigheamh iartas [iodhon, *Agus maith dhuinn ar bfiacha, amhluidh mar mhaithmuid dar bfeicheamhnaibh*] atamuid ag guidhe Dhe maitheamhnas do thabhairt duinn gu ſaor ann ar nuile pheacaidhaibh ar ſon Chriſoid: agus is moid ar miſneach ſo iarraidh, gu bfuilmaoid ar air neartughadh trid a ghras ſan, ann maitheamhnas do thabhairt do dhaoinaibh eileoair gcroidhe,

106. *C. Creud ata ſinn a ga ghuidhe ſan ſeiſeamh iartas?*

F. San ſeiſeamh iartas [iodhon, *Agas na leig a mbuaidhreadh ſinn, achd ſaor ſinn ó olc*] ata ſinn ag guidhe Dhe ar gcoimhed o bheith ar air mbuaidhreadh

readh chum peacaidh ; nó no ar congbhail ſuas, agus ar ſaoradh an tan do bhuaidh rear ſinn.

107. C. *Creud ata comhdhunadh urnuighe an Tighearna gutheuguſg dhuinn?*

F. Ata comhdhunadh urnuighe an Tighearna [iodhon, *Oir is leatſa an rioghachd, an cumhachd, agus an ghloir, gu ſiorraidh*, Amen.] ag teaguſg dhuinn ar miſneach an urnuighe do ghabhail o Dhia amhain, agus inar nurnuighe efin do mholadh ; le rioghachd, cumhachd, agus gloir do thabhairt do: agus mar ſbiaghnais ar air mionn, agus ar dearbheachd an eiſdeachd fhaghail, deirmaid, *Amen.*

Na deich Niatheanta.

AS meiſe an Tighearna do Dhia an neoch tug thuſa a talamh na Heibhghipte, a teaghuis na daoirſi.

I. *Na biodh Dée oile agad am ſhiaghnuiſe.*

II. *Na den duit fein iomhaigh ghraiſne, no en ſhioghair neithe ata ſhuas ar neamh, no ar talmhuin a bhos, no ſa nuiſge faoi thalmhuinn, na geilſi dhoibh, agas na den ſeirbhis dhoibh: oir meiſe an Tighearna do Dhia as Dia edmhur me, leanas aingidheachd na naithreach air an gcloinn, go nuige an treas no an ceathramh cem no glun ghinealuigh ar an droing ſhuathuigheas me, agas a ſheillſidheas trocaire do na miltibh don droing ghradhuigheas me, agas choimhedus Maitheanta.*

III *Na tabhair ainm an Tighearna do Dhia an diomhaoineas, oir ge be bhe-*

rus

rus a ainm a ndiomhaoineas, ni budh neimhchiontach a bstaghnuisi an Tighearna é, no, ni am mease an Tighearna neimhchiontach é.

IV. *Cuimhnigh la na Saboide a chonbhail no achoimhed uaomhtha: a se laithibh den hobair agas huile shaothair, achd is é an seachdmhadh la Saboid an Tighearna do Dhia, na den en obair san losin, tu fein no do mhac no hinghen, hoglach, no do bhanoglach, no hainmhidhe, no en duine coimheach ata don taobh a steigh dod dhoirsibh: oir a se laithibh do rinne an Tighearna, neamh agas talamh, an fhairge, agas gach ni ata ionta, agas do ghabh se comhnuidh an seachdmhadh la, uime sin do bheannuigh an Tighearna an Tsaboid, agas do naomh se é.*

V. *Tabhair onoir dod tathair, agas dod mhathair: chum go sinfidhe do laithe air an fhearann do bheir an Tighearna do Dhia dhuit.*

VI. *Na den marbhadh.*

VII. *Na den adhaltrannus.*

VIII.

VIII. *Na den goid.*

IX. *Na den fiaghnuisi bhreige an adhuidh do chomharsoin.*

X. *Na smuain duit fein arus no teach do chomharsain, na smuain duit fein bean do chomharsain, no a oglach, no a bhanoglach, no a dhamh, no a asal, no en nith oile bheanus dod chomharsan.*

Urnuighe an TIGHEARNA.

AR Nathairne ata ar Neamh, Go ma beannuigte hainmsa, Gu'dtig do Rioghachdsa, Dentar do thoilsi ais dtaimhuin mar ata air Neamh, Tabhair dhuinn a nuigh ar naran laitheamhuil, Agas maith dhuinn ar bhfiacha, amhuil mhathmuid dar bhfeicheamhnuibh, Agas naleig ambuaidhreadh sinn, achd saor sinn ó ole: Oir is leatsa an rioghachd, an cumhachd, agas an gloir gu fiorraidh, Amen.

A CHRED.

CReidim an Dia an Tathair uile-chumhachdach, cruthuigheoir neamh agus talmhuin: Agus an Josa Crioſd aon Mhacſan ar Tighearna, neach do ghabhadh leis an Spiorad naomh, do rugadh le Muire oighe, do fhuiling pais faoi Phontius Philait, *do cheſadh, do fhuair bas, do adhlacadh, do chuaidh ſios an Ifrinn, do éirigh ar an*treas la ó na marbhaibh, do chuaidh ſuas ar neamh, do ſhuigh ar deaſlaimh Dhe an athar, agas do thoiceſus as ſin do thabhairt breithe-amhnuis ar bheothaibh agus ar mharbhaibh: Creidim ſan Spiorad naomh: Gu bfuil Eaglnis naomh gu huilidhe, comh-chomann na naomh, maitheamhnas na mbpeacadh, eiſeirigh na colla, agus a bheatha ſhuthain.* Amen.

* Dimiridh ſe an ſtaid na marbhadh, agus faoi chumhachd a bhais gu nuig an treas la.

FINIS.